

Clasaichean leantainneach le Fèis Phàislig

Dreuchdan: Neach-oide na Fìdhle, Neach-oide a' Ghiotàir

Tuarasatail: £31.50 san uair

Uair: 10m – 1f (gach madainn Disathairne tro theirm na sgoile)

Chaidh Fèis Phàislig a stèidheachadh as t-Samhain 2014 gus cothroman ann an ceòl traidiseanta a chruthachadh do dh'òigridh Shiorrachd Rinn Friù. Às dèidh fèis air leth soirbheachail ann an 2015 tha sinn air ar dòigh program ùr de chlasaichean leantainneach a thairgse bhon Lùnasdal 2016.

Tha sinn a-nis a' sireadh luchd-oide pàirt-ùine airson chlasaichean fìdhle agus giotàir. Thèid luchd-oide a phàidheag a rèir an uaireadair agus feumaidh iad teagasg a lìbhrigeadh gach madainn Disathairne tro theirm na sgoile.

Tron phrògram leantainneach ùr seo thèid cothrom intinneach a thabhan dha compàirtichean an sgilean ciùil a leasachadh ann an àrainneachd taiceil, misneachdail le cothroman taisbeanadh tron bhliadhna. Thèid iarraidh air tagraichean soirbheachail na dleastanasan a leanas a choilionadh:

1. Clasaichean ciùil do bhuidhnean ullachadh agus lìbhrigeadh gach seachdain tro theirm na sgoile.
2. Aon chlas de obair-còmhlaigh anns am bi caochladh ionnsramaid a lìbhrigeadh gach seachdain ann an co-bhonn le sgioba teagaisg Fèis Phàislig.
3. Poileasaidh Dìon Chloinne Fèis Phàislig a leantainn agus a chur an gnìomh aig a h-uile tachartas a bhuineas dhan fhèis, a' gabhail a-staigh dleastanas cùraim dha na compàirtichean.
4. Clàir shìmplidh a chumail gus adhartas nan compàirtichean a thoirt am follais, m.e. clàr cleachdaidh.
5. Dleastanasan sam bith eile a tha cudromach gu soirbheachas a' phròiseict a choilionadh mar a bhios iomchaidh.

Fèis Phàislig

Gus iartas a chur a-staigh cuiribh CBh agus litir a mhìniceas ur freaggarachd dhan dreachd agus eòlas iomchaidh sam bith a th' agaibh. Feumaidh iartasan a bhith a-staigh ro 5f air 30h den Ògmhios 2016.

Airson fiosrachaidh sam bith eile nach cuir sibh fios thugainn.

Leis gach deagh dhùrachd,



Grant McFarlane
Chairman

